



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Newsletter 16

September 2009



Dè tha dol?/What's new?

Riochdairean Ùra

Chaidh Comataidh Eco agus Comhairle Sgoilearan ùr a thaghadh o chionn ghoirid agus tha iad mar-thà trang a' dealbhadh na tha iad airson a dhèanamh am-bliadhna. Cumaibh sùil air na pròiseactan inntinneach a tha air thoiseach!

New Representatives

We have a newly elected Eco Committee and Pupil Council who are already busy planning what they would like to achieve this year. Keep a look out for the exciting projects ahead!

Comataidh Eco / Eco Committee:

Cathraiche	Niall Urchadan	P6/7
Rùnaire	Dòmhnall Barker	P5/6
Leas-chathraiche	Iain MacCoinnich	P5/6
Ionmhasair	Ruairidh MacGriogair	P3/4
Oifigear Eco	Eilidh O' Donnell	P2/3
Oifigear Eco	Marianna NicIlleathain	P1/2
Oifigear Eco	Abi NicDhòmhnaill	P1/2

Comhairle nan Sgoilearan:

Cathraiche	Johnathan MacLeòid	P6/7
Ionmhasair	Iòsaph Waite	P6/7
Rùnaire	Struan Cuthbert	P5/6
Leas-chathraiche	Ruairidh Grand	P2/3
Oifigear Conaltraidh	Ros MacNeacail	P3/4
Oifigear Conaltraidh	Anika Ridley	P1/2

Thèid beachdan sgoilearan Prìomh 1 a riochdachadh le riochdaire P1/2.
Primary 1 pupils' views will be represented by the P1/2 representative.

Naidheachdan Eco/Eco News

Banca Aodaich

Chuir a' Chomataidh Eco air dòigh bin ath-chuartachaidh airson aodach aig an sgoil. Thàinig e san dàrna seachdain den teirm is tha e air a shuidheachadh sa phàirc chàraichean ann an gàradh na sgoile. Feuch gun cleachd sibh e oir tha BSGI agus a' choimhearsnachd ionadail airson na 's urrainn dhaibh ath-chuartachadh. Cuideachd, bidh sinn a' faighinn airgead airson maoin na sgoile a h-uile troip a thèid am bin fhalamhachadh!



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Newsletter 16

September 2009



Textile bank

The Eco committee organised for a textile recycling bin to be onsite at school. It arrived in the second week of term and is located in the car park outside the school grounds. Please use it as the BSGI and local community are keen to recycle as much as possible. Also, we receive money for school fund each time the bin is emptied!

Milleadh san Raon-chluich!

Tha sinn duilich innse dhuibh gu bheil cuid de na sgoilearan air a bhith a' milleadh an taigh-ghlainne agus a' challaid. Tha sinn air bruidhinn ris na clasaichean is iarraidh orra spèis a thoirt do na rudan a bhuineas dhan sgoil ach tha sinn ag iarraidh air pàrantan ar cuideachadh cuideachd. Innisibh dhan leanabh agaibh gum faod sinn cluiche san rùm-chluich a-muigh ach gum feum sinn an raon mun doras a chleachdadh. Iain MacCoinnich, Leas-chathraiche P5.

Damage in the playground!

We are sad to tell you that some pupils have been damaging our greenhouse and hedge. We have spoken to the classes and asked them to respect our school property but we would like parents to help us too. Please explain to your child that we are allowed to play in the outside classroom but we must use the door area. Iain MacKenzie, Assistant Chairperson P5

Conaltradh Post-d

Cuiribh fios gu oifis na sgoile leis an t-seòladh post-d agaibh ma tha sibh toilichte conaltradh post-d fhaighinn. Tha sinn a' feuchainn ri tuaiream nas lugha de phàipear a chleachdadh.

Email Correspondence

Please contact the school office with your email address if you are happy to receive email correspondence. We are trying to reduce the amount of paper we use.

Naidheachd Comhairle nan Sgoilearan/Pupil Council News

BBQ

Thog am BBQ prothaid de £621 uile gu lèir. Thug na sgoilearan seachad £300 do CLIC Sargent agus £300 do mhaoin na sgoile. Mìle taing do na h-uile a thug taic dhan tachartas cho-obrachail seo eadar Comhairle nan Sgoilearan agus a' Chomataidh Eco.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Newsletter 16

September 2009



BBQ

The Barbeque raised a total of £621 profit in total. Pupils donated £300 to CLIC Sargent and £300 to school funds. Many thanks to all who supported this super collaborative event between the Pupil Council and the Eco Committee.

OSR - Sàbhailteachd rathaid

Tha Màiri NicIlleDhuinn agus Adhamh Mitchell, na h-Oifigearean Sàbhailteachd Rathaid againn, air a bhith gu math trang ag innse dhuinn mu Shàbhailteach Rathaid.

Tha sinn air a bhith dèanamh tòrr rudan agus bha e uabhasach duilich ach spòrsail cuideachd! Bha tòrr againn ri dhèanamh! Adhamh Mitchell, Clas 7
Tha sinn air a bhith a' dèanamh dràma bheag, Sgrùdadh 'Hands Up' agus co-fharpais airson nan sgoilearan. Tha daoine a' dràibheadh rud beag nas slaodaiche a-nis ann am Pàirc nan Càraichean. Màiri NicIlleDhuinn, Clas 7

JRSOs - Road Safety

Maire Brown and Adam Mitchell our Primary 7 Junior Road Safety Officers have been very busy over the past fortnight raising awareness of road safety.

We have been doing lots of things and it was difficult but fun too! We had a lot to do! Adam Mitchell P7.

We produced our own Green Cross Code drama, did a Hands Up survey and ran competitions for pupils. Also, we think people are driving more slowly now in the school car park. Maire Brown P7

Cuairt-litir ECS / ECS Newsletter

Tha a' chuairtlitir as ùire aig Foghlam, Cultar agus Spòrs ri fhaotainn aig a' cheangal gu h-ìseal:

The current Education, Culture and Sport newsletter is available at the link below:

<http://www.highland.gov.uk/NR/rdonlyres/901D0722-CF6D-4A83-8952-C8B12425EE01/0/20090811newslettersummer09.pdf>



Soirbheachadh agus Coileanadh/Successes and Achievements

Clas 6 a' buannachadh Duais Mhòr!

Air Dimàirt 8mh den t-Sultain thàinig Dòmhnall Iain MacRisnidh às an Stòrlann dhan sgoil againn. Thàinig e airson duais shònraichte a thoirt dha Clas 6. Bha Clas 6 air a bhith an sàs ann am farpais Kar2ouche. 'S e Kar2ouche seòrsa de thaisbeanadh le sleamhnagan (slides) far am bi thu a' taghadh nan caractaran agus an t-suidheachaidh tha thu ag iarraidh. Faodaidh tu an uair sin sgrìobhadh a dhèanamh fodha



neo guthan a chlàradh. Tha e gu math spòrsail agus chòrd e rinn a bhith ga chleachdadh. Rinn cuid againn kar2ouche mu Florence Nightingale agus rinn cuid fear cruthachail. Chuir sinn iad a-steach airson farpais agus bhuannaich sinn. Thug Dòmhnall Iain "Roving Reporter Camcorder" dhan chlas mar dhuis agus tha sinn an dòchas gum bi sinn ga chleachdadh tric airson a bhith a' dèanamh nam fiolmaichean againn fhìn.

Mòran taing do Dhòmhnall Iain MacRisnidh agus Ms MacIver airson a bhith a' toirt cothrom dhuinn a bhith ag ionnsachadh mu Khar2ouche.

Le Matilda, Chloe, Sophie agus Dòmhnall Clas 5/6

Primary 6 - Winners!

On Tuesday 8th September Donald MacRitchie from Storlann visited our school. He came to give P6 a special prize. P6 took part in a competition using Kar2ouche. Kar2ouche is like a slide show where you choose the characters and setting that you like. You can then add your own writing or record your voice. Some of the class used Kar2ouche to learn about Florence Nightingale and others made their own stories. We entered them into the competition and won! Donald gave the class a "Roving Reporter Camcorder" which we are going to use to make our own films. We would like to say a big thank you to Donald MacRitchie and Ms MacIver who gave us the opportunity to learn using Kar2ouche.

Eden Court - Taisbeanadh

Thèid obair Clas 2/3, an clas aig Mrs Dickson an-uiridh, a thaisbeanadh aig Eden Court an ath sheachdainn. Bidh an taisbeanadh ann airson an ath chola-deug. 'S math a rinn iad!

Eden Court - Exhibition

Last years Primary 2/3 class created some beautiful pieces of art work that are currently being exhibited in Eden Court. They will be on display for the next 2 weeks. What an achievement and well done to you all!



Duais Ceannaird Òig

Tha Clasaichean 6 agus 7 air trèanadh fhaighinn ann an Duais Ceannaird Òig. Tha seo a' ciallachadh gun urrainn dhuinn geamannan ùra ionnsachadh dha na sgoilearan as òige. Rinn sinn tòrr obair air na geamannan againn fhìn a chruthachadh. Chleachd sinn tòrr mac-meanmna! Air a' chiad latha fhuair sinn stuth agus bha againn ri modail a dhèanamh a-mach as. Rinn an sgioba againne pàirc ball-coise. Cha robh tòrr ùine againn is bha feum againn air tòrr co-obrachadh còmhla. Rinn sinn tòrr obair cuideachd air a bhith a' gabhail uallach, toileachas, conaltradh agus rudan a chur air dòigh. Bha tòrr spòrs againn agus tha sinn a' coimhead air adhart ris na sgilean ùra againn a chleachdadh.



Young Leader Award

Primary 6 and 7 have had training for the Young Leader Award. This means that we are able to teach the younger pupils new games. We also did lots of work on making up our own games too. We used a lot of imagination! On the first day we were given equipment and we had to make a model. Our group made a football pitch. We didn't have much time for this and we really had to work co-operatively. We also did lots of work on taking responsibility, enjoyment, communication and organisation. We had a lot of fun and we are looking forward to using the new skills we have learnt.

By Yasmin MacKintosh and Grant Swanson Class 7



BLAS

Tha sinn fìor mhoiteil à coileanadh na cloinne aig a' chonsairt BLAS a chaidh a chumail o chionn ghoirid agus tha seo a' cuimhneachadh dhuinn gu bheil tòrr tàlant am measg nan sgoilearan. Ach, bha sinn duilich a chluinntinn gun deach gearanan a dhèanamh mu mhì-mhodh agus buaireadh a am measg mòran chloinne às dèidh an taisbeanaidh aca. Tha mi airson cuimhneachadh do phàrantan gu bheil stiùireadh pàrantail riatanach aig na tachartasan seo gus dèanamh cinnteach nach bi buaireadh sam bith ann agus gun còrd cùisean ris na h-uile a tha an làthair.

BLAS

We were very proud of the children's performance at the recent BLAS concert and were reminded of the talent we have among our pupils. However, we were saddened to hear that complaints had been made regarding the bad behaviour and disruption caused by many children after their performance. May I please remind parents that parental supervision is crucial at these events in order to minimise disruption and ensure the enjoyment of all those attending.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Newsletter 16

September 2009



Fiosrachadh/Information

Cleasan seachdaineach - Teirm 1 agus Teirm 2
Weekly activities - Term 1 and Term 2

Diluain Monday	Dimàirt Tuesday	Diciadain Wednesday	Diardaoin Thursday	Dihaoine Friday
Co-chruinneachadh Deagh naidheachd P1-3 Good news Assembly P1-P3	Kodaly P4		Oideachadh Gaoth-fiodha P4-7 Woodwind Tuition P4-7	Co-chruinneachadh den Sgoil Iomlan Whole School Assembly
Oideachadh Pìoba Ball-basgaid P7 Piping instruction Basketball P7		Oideachadh Fìdhle Violin instruction	Oideachadh Drumaireachd P7 Drumming tuition P7	Snàmh P6/7 Swimming P6/7 Fèis Rois P5-P7
3.15	3.15 - 4.15	3.15 - 4.15	3.15 - 4.15	3.15 - 4.15
Dannsa Gàidhealach Highland dancing Sgoil-àraich/P1	Sradagan P1-P3 Fèis na h-Òige P4-P6	Coisir Òg Inbhir Nis P1-P7	Lùth-chleas Athletics P4-P7	Ball-coise ri chur air dòigh Football tbc

Fèill Cùl Càir - Pàrantan BSGI

Air Disathairne 26mh den t-Sultain 10m gu 1f. Ma tha sibh airson àite a ghleidheadh no fiosrachadh fhaighinn cuiribh fòn gu Maria Cuthbert air 01463 241613 no cuiribh fios gu Fran NicFhionghain air 01463 795883. Cosgais de £5 airson gach càr no thigibh is coimheadaibh an-asgaidh.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Newsletter 16

September 2009



Car Boot Sale - Pàrantan BSGI

On Saturday the 26th September at 10am to 1pm. If you want to book our make enquiries call Maria Cuthbert on 01463 241613 or contact Fran Mackinnon on 01463 795883. Book by Thursday 24th September to guarantee a space. Charge of £5 per car or come along and browse for free.

Comataidh Rianachd Ùr

Chaidh Coinneamh Bhliadhnail den Chomataidh Stiùiridh a chumail o chionn ghoirid agus chaidh comataidh ùr a thaghadh. Tha sinn a' cur fàilte orra gu coimhearsnachd BSGI.

New Management Committee

The management Committee AGM was held recently and a new committee was elected. We welcome them to the Bun-sgoil Ghàidhlig community:

Toby Stainton -	Coisir Òg Inbhir Nis
Kerrie NicFhionnlaigh -	Cùram Cloinne Inbhir Nis
Maree Niceacail -	Fèis a' Bhaile/Fèis na h-Òige
Dawn Morgan -	Comunn nam Pàrant
Màiri NicIlleMhoire -	Comunn Gàidhlig Inbhir Nis
Alasdair MacDhòmhnail-	Pàrantan BSGI

Dèideagan

Bu toil leam taic phàrantail iarraidh gus dèanamh cinnteach nach tèid dèideagan sam bith a thoirt dhan sgoil. Tha duilgheadasan air a bhith againn le dèideagan air an call agus tha luchd-obrach a' cur seachad tòrr ùine gan lorg. Mar sin, tha casg air dèideagan uile san sgoil air fad. Tha deagh ghoireasan againn san sgoil agus chan eil sinn a' faicinn gu bheil feum sam bith aig a' chloinn a bhith a' toirt a-steach dhèideagan, a tha uaireannan gu math cosgail. Tha mi a' coimhead air adhart ri taic bhuaibh a thaobh seo.

Toys

I would like to ask for parental support in ensuring that no toys are taken to school. We are experiencing difficulties with toys being lost and an inordinate amount of staff time being spent looking for them. As a result, there is now a whole school ban on all toys. We are a very well resourced school and do not see the need for children to be taking, at times, expensive toys to school. I look forward to your support in this matter.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Newsletter 16

September 2009



Ruith

Tha Club Ruith BSGI air a bhith a' trèanadh airson nam farpaisean eadar-sgoile a tha gu bhith ann a dh'aithghearr agus tha sinn moiteil a bhith a' cur sgioba nigheanan is bhalach air adhart gus an sgoil againn a riochdachadh aig na Farpaisean Ruith Dùthchail air an 7mh Dàmhair rè àm-sgoile. Thèid tuilleadh fiosrachaidh a chur a-mach a dh'aithghearr.

Cross Country

BSGI athletics club have been training for the upcoming inter-schools championships and we are proud to be sending a girls and boys team to represent our school at the upcoming Cross Country Championships on the 7th of October during school time. Further information shall follow shortly.

Prògraman Cloinne

Bu toil leinn stòras/banca de chlàraidhean clàistinneach/lèirsinneach de phrògraman cloinne Gàidhlig a bhith againn airson an cleachdadh nuair a tha an t-uisge ann aig a' phleidhe. Bhiomaid fada an comain phàrantan nan cuidicheadh iad gus na prògraman seo a chlàradh. Cuiribh fios gu oifis na sgoile ma 's urrainn dhuibh cuideachadh agus/no disc bàn a thogail. Cuideachd, bhiomaid taingeil airson teipichean bhidio Gàidhlig sam bith nach eil sibh ag iarraidh tuilleadh. Tapadh leibh!

Childrens' Television Programmes

We would like to have a stock/bank of audio/visual recordings such as Gaelic children's programmes to use when there is a wet playtime. We would very much appreciate parent's help in recording these programmes. Please contact the school office if you are able to help and/or to collect a blank disk. Also, we would welcome any Gaelic video tapes you no longer require. Tapadh leibh!

Salm 23 - CD

Gu fiadhlaidh, rinn a' Bh-Uas Marion NicLeòid CD de na sgoilearan againn a' seinn Salm 23. Cuiribh fios thuice air 07930 931691 ma tha sibh airson CD a cheannach aig cosgais dèanaidh £1.

Precenting Psalm 23 - CD

Ms Marion MacLeod kindly had CDs made of our pupils singing Psalm 23. Please contact her on 07930 931691 should you wish to purchase a CD at the cost price of £1.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Newsletter 16

September 2009



Thigibh a Chèilidh

Tha sinn toilichte cuireadh a thoirt do phàrantan uile na sgoil-àraich a thighinn a-steach gus tadhal is ionnsachadh mun sgoil. Gabhaibh an cothrom seo gus cluiche còmhla ris an leanabh agaibh agus foighnichibh don Phrìomh obraiche aca ciamar a tha iad a' faighinn air adhart.

Share-a-Session

We are pleased to invite all sgoil-àraich parents into visit and learn about the setting. Please take this opportunity to play with your child and ask their Key worker how they are settling in.

Aodach Cleasachd

Tha sinn airson cur nur cuimhne aodach cleasachd a thoirt dhan leanabh agaibh. The tòrr chloinne a' tighinn dhan sgoil às aonais briogais-ghoirid is lèine-t. Faodaidh iad seo a bhith air an toirt dhachaigh gach seachdain no air am fàgail ann an treidheachan san sgoil. Cuideachd, tha còir ainm a bhith sgrìobhte air a h-uile pìos aodaich a tha aig na sgoilearean.

Clothing and P.E kit

We would like to remind you that children should come to school with a P.E kit. This can be taken home weekly or left in their individual trays. A t-shirt, shorts and plimsoles/trainers are required.

Also, your child's name should be written on all pieces of clothing.

Miss Forbes

Tha sinn a' guidhe a h-uile soirbheachais dha Jenny Forbes a tha a' fàgail Dihaoine. Bidh sinn gad ionndrainn agus mòran taing airson na rinn thu dhuinn. Thig air ais a choimhead oirnn! Tapadh leibh uile airson nan tiodhlagan.

Miss Forbes

We would like to take this opportunity to thank Jenny for all her hard work and wish her well on her travels. Do come back and visit! Thank you for all the donations.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Newsletter 16

September 2009



Làithean sònraichte

26 ^{mh} , 27 ^{mh} is 28 ^{mh} Dàmhair	Làithean in-sheat
11 ^{mh} Samhain 2f	Coinneamh Curaicealam Prìomh 1
22 ^{mh} Samhain	Solais Nollaige Inbhir Nis a' lasadh
Diciadain 2 ^{na} Dùbhlachd 3.30 - 5.30	Coinneamhan Pàrant/Tidseir
Diardaoin 3 ^{mh} Dùbhlachd 6.30 - 8.30	Coinneamhan Pàrant/Tidseir
Diciadain 23 ^{mh} Dùbhlachd	Sgoil a' dùnadh
11 ^{mh} Faoilleach 2010	Sgoil a' fosgladh

Dates for the Diary

26 th , 27 th and 28 th October	Inset days
11 th November 2pm	Primary 1 Curriculum meeting
22 nd November	Inverness Christmas lights on
Wednesday 2 nd December 3.30 - 5.30	Parent/Teacher meetings
Thursday 3 rd December 6.30 - 8.30	Parent/Teacher meetings
Wednesday 23 rd December	School closes
11 th January 2010	School opens